

| | Rianaire Cnoc Soilleir |
|-------------------------------------|---|
| Geàrr-iomradh | <p>Tha Cnoc Soilleir Earranta a' sireadh neach a choileanas dleastanasan rianachd is fàilteachais aig Cnoc Soilleir ann an Dalabrog.</p> <p>A' leantainn air fosgladh soirbheachail an ionaid as t-samhradh 2022, tha sinn a-nis a' cuimseachadh air ar n-obrachaidhean agus gnìomhachdan a leasachadh. Bidh tu gu gnìomhach mu choinneamh a' phobail a' coileanadh prìomh dhreuchd dhuinn ann an lìbhrigeadh ar lèirsinn de bhith nar togalach fàilteach is fosgarra aig cridhe na coimhearsnachd.</p> |
| Cò sinn | <p>Is e com-pàirteachas co-iomairteach a th' ann an Cnoc Soilleir Earranta (CS Ltd) eadar Ceòlas Uibhist (CU) agus UHI Innse Gall (UHI OH) a chaidh a stèidheachadh gus togalach Cnoc Soilleir a thogail agus a stiùireadh, a tha air dachaigh ùr a chruthachadh do ar luchd-seilbhe agus ar com-pàirtichean ann an teis-meadhan Uibhist a Deas.</p> <p>Tha Ar Lèirsinn a' gabhail a-steach:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Togalach fàilteach is fosgarra aig cridhe na coimhearsnachd. • Freumhachadh adhartachadh, comharrachadh agus conaltradh sa Ghàidhlig agus nar dualchas cultarach. • Coimhearsnachd gnìomhach agus Cnoc Soilleir a' cur gu deimhinneach ris a' choimhearsnachd ionadail agus ris an eaconamaidh. • Lìbhrigeadh na Colaiste ann am feallsanachd na Coimhearsnachd – a' leudachadh cothrom air ionnsachadh. • Na ceumannan togail a chur • Na h-eileamaidean togail a chur nan àite gus gnìomhachdan gach buidhinn fhàs ann an dòigh fa leth agus gu co-obrachail. |
| Amas agus Adhbhar na dreuchd | <ul style="list-style-type: none"> • Cur fàilte is furan air luchd-tadhail agus a bhith mar aghaidh phoblach Cnoc Soilleir. • Làimhseachadh an t-siostaim bucaidh/clàraidh, a' gabhail a-steach cumail suas ceangal ri Ceòlas agus UHI Innse Gall. |
| Aithris | Bidh an rianaire cunntachail do dh'Oifigear Chonaltraidhean is Rianachd Cnoc Soilleir. |
| Àite | Cnoc Soilleir, Dalabrog, Uibhist a Deas HS8 5SS |
| Tuarastal | Bho £21.5K sa bhliadhna a rèir eòlais. |
| Seòrsa aonta | 35 uair a thìde làn-ùine san t-seachdain – gu h-àbhaisteach 9m gu 5f. |
| Ceann-latha tòiseachaidh | Ri aontachadh. |
| | <p>Is e fastaiche co-ionannachd chothroman a th' ann an Cnoc Soilleir le dealas a thaobh iomadachd, co-ionannachd, in-ghabhalachd agus cleachdaidhean obrach cothromach.</p> <p>Is iad ar luachan</p> <p>Earbsa agus Obair Com-pàirteachais Fosgarra agus Fàilteach Àrd-amasach agus Ùr-ghnàthach Follaiseachd agus Riaghladh Làidir</p> |
| | Tha sinn a' cur phoileasaidhean Obair Chothromach is Dàimh Teaghlach an gnìomh. |

Tha sinn taingeil do ar luchd-ùidhe airson an taic ionmhasail a tha a' dèanamh na dreuchd seo comasach.

| | Rianaire Cnoc Soilleir |
|---------------------------|---|
| Dreuchd agus dleastanasan | <ul style="list-style-type: none"> Fàilte is furan a chur air luchd-tadhail agus a bhith mar aghaidh phoblach Chnoc Soilleir. Fileanta ann an Gàidhlig. Conaltradh gnìomhach le luchd-obrach agus oileanaich tarsainn nan trì buidhnean uile, gus àrainneachd cho-roinnte thoilichte, shàbhailte agus shoirbheachail a dhèanamh comasach. Rian a chumail air gleidheadh sheòmraichean tarsainn a' chom-pàirteachais agus do threas phàrtaidhean – a' gabhail a-steach eagrachadh air àirneis, goireasan agus stèidheachadh far am feumar. Ceangal a chumail suas le Ceòlas agus sgiobaidhean UHI gus dèanamh cinnteach gu bheil àiteachan/goireasan rim faotainn dhaibh mar a bhios feum orra, agus gu bheil fiosrachadh amail mu phlanaichean is thachartasan gach buidhinn air a chumail ris na trì buidhnean uile. Greimean-bidhe is deochan eagrachadh agus a stiùireadh mar as iomchaidh agus dèanamh cinnteach gu bheil an cidsin co-roinnte air a chumail glan agus sgiobalta. Stiùireadh buidseat an lùib clàraidhean is tachartasan treas-phàrtaidh agus deochan air an taobh a-staigh san fharsaingeachd – cumail chlàraidhean ionmhasail no cosgaisean, agus fiosrachadh a thaobh chunntasan is chosgaisean aontaichte a thoirt do àrd-neach-gleidhidh a' bhuidseat obrachaidh. |
| Comasan Pearsanta | <p>Riathanach</p> <ul style="list-style-type: none"> Sgilean conaltraidh labhairte is sgrìobhte sàr-mhath ann an Gàidhlig agus Beurla. (E) Sgilean conaltraidh sgrìobhte math ann am Beurla (E) Comasach air stiùir a ghabhail (E) Sgilean matha IT le appan Microsoft 365 (E) Comasach air ùghdarras is tuigse a chleachdadh, agus dìomhaireachd theann a chumail suas. (E) <p>Ion-mhiannaichte</p> <ul style="list-style-type: none"> Sgilean conaltraidh sgrìobhte math ann an Gàidhlig (D) Eòlas ann an dreuchd a' dèiligeadh ris a' phoball (D) Eòlas air solar seirbheis a tha co-roinnte. (D) Eòlas ann a bhith ag obair le conaltraidhean. (D) |
| Foghlam agus eòlas | <ul style="list-style-type: none"> Ìre Nàiseanta 5 no a leithid (E) |
| | <p>Tagraidhean ann an sgrìobhadh rin cur a-steach ro: 8m Diardaoin 18^{mh} Cèitean 2023</p> <p>Rin cur a-steach gu admin@cnocsoilleir.org</p> <p>An lùib nan tagraidhean:</p> <ul style="list-style-type: none"> Lethbhreac den Chunntas Beatha làithreach agad. Litir ghoirid a' mìneachadh do bheachd air gu bheil thu nad thagraiche iomchaidh, agus mar a dhèiligeadh tu ris an dreuchd a tha mìnichte gu h-àrd, a' gabhail a-steach sgilean sam bith eile a dh'fhaodadh tu a thoirt chun na dreuchd. |

| Rianaire Cnoc Soilleir | |
|------------------------|--|
| | <p>Ma tha ùidh agad ach nach eil thu cinnteach mu thaobh sam bith den dreuchd seo, na biodh leisg sam bith ort fios a chur thugainn agus deasbad dìreach a dhèanamh leinn aig admin@cnocsoilleir.org - 01851 770700.</p> <p>Gheibh tagraidhean soirbheachail cuireadh gu agallamh tron t-seachdain a' tòiseachadh 22^{na} Cèitean.</p> |